

A' cumail Sàbhailte air an Eadar-lìon



An t-eadar-lìon an asgaidh
an Leabharlann na
Gàidhealtachd



The Highland
Council
Comhairle na
Gàidhealtachd

Ciamar A Dhionas Mi Mi-fhèin?

Cuimhnich gur e àite poblach a tha san Eadar-lìon – feumaidh tu bhith faiceallach cò anns an cuir thu earbsa.



Cleachd far-ainm nuair a bhios tu air an an Eadar-lìon. Na inns d' ainm ceart, do sheòladh, àireamh-fòn no ainm na sgoile agad do dhuine. Na toir seachad fiosrachadh mu do charaidean nas mò.



Na cuir dealbhan dhiot fhèin gu duine gun faighneachd dha do phàrantan no dha do luchd-dìon.



Na aontaich coinneachadh ri duine far an Eadar-lìon oir chan urrainn dhut a bhith cinnteach a bheil an neach sin ag innse na fìrinn mun deidhinn fhèin. Ma dh'fheumas tu coinneachadh ri cuideigin, feuch gum bi aonta do phàrantan no do luchd-dìon agad agus gun tèid iad còmhla riut.



Na fosgail post-d bho dhaoine nach aithnich thu. Dubh às e san spot oir dh'fhaodadh gur e droch rud a bhios ann, gu bheil bhòrasan coimpiutair ann no gu bheil e a' feuchainn ri rudeigin a reic riut.



Feuch gun inns thu do phàrant, do neach-dìon, do thidsear no do leabharlannaiche ma bhios tu mì-chofhurtail mu chàil sam bith a chanas cuideigin riut air an Eadar-lìon no mu rud sam bith a chuireas iad thugad. Tha na daoine sin ann airson do dhìon agus cha bu chòir nàire sam bith a bhith ort cuideachadh iarraidh airson thu fhèin a chumail sàbhailte. 'S dòcha cuideachd gum bi fios aca mu làraich-lìn is mu sheòmraichean-còmhradh math is sàbhailte – a tha dìreach do dhaoine òga. Bruidhinn riutha mu na lorgas tu air an Eadar-lìon. Seall dhaibh na làraich-lìn as fheàrr leat agus inns dhaibh mu sheòmraichean-còmhradh inntinneach as toigh leat!